

A Feachd nan Naomh a tort gloir do'n Triath,
 'S air d'aoibhneas, do ghloir, 's do mhorachd,
 Re saoghal nan saoghal cha dig ceann na crioch.
 Tha thu air do chrunadh le crun na fireantachd ;
 Crun nach caochail a dhath nau shnuadh,—
 Air do cheann a dealradh mar Reult na maidne.
 'S bithedh e gu siorruidh nuadh.
 Le truscan aillain tha thusa sgeaduicht',
 Truscan gloirmhor, fada, geal :
 Tha a shnuadh robh aillidh, agbhuihor,
 'S air gu brath cha dig sinur, na smal,
 'S tha do chlarsach air a h-ur gheusadh.
 'S tha thu seinn air a teudan binn
 Ceol robh mhaiseach, ceol robh thaitneach ;
 Ceol nach teirig o linn go linn.
 Oh ! be 'n t'aoibhneas a nis bhi dhu ort,
 Far nach teirig ceol a choidh ;
 Far nach bi a luchd geur—leamhluim ;
 Far nach bi a h-aon do'n' daoi.
 Cha dean a ghrian le teas do losgeadh,
 'S cha bhual ort fuachd a gheamhraidh fhuair :
 Cha bhi acras, na tart, a g'iarraidh
 Bhi air a sasachadu gach uair :
 Cha bhi tinnes, pian na trioblad,
 A cur drag ort a feisd ni 's mo ;
 Oir tha thu air do dheanabh foirte—
 Se clin an t'Slaniughear do bhiadh gach lo.

CHRIODH.